

1. Bàrdachd | Poetry

Sgrìobh ✎ - Feuch gun dèan thu eadar-theagachadh air na dàin. Chaidh iad uile a sgrìobhadh sa Ghàidhlig, ach tha a' Bheurla againn gu h-ìosal. Feumaidh tu a bhith cho bàrdail 's a ghabhas gus na loidhnichean seo ath-sgrìobhadh gu ceart.

Laoidh na Maidne le Sìleas na Ceapaich

*Thank you, God, for your gifts,
Since I have now woken;
Your grace gave me rest and sleep,
And I woke up in the morning fresh.*

Eilean a' Cheò le Màiri Mhòr nan Òran

*Although my head has gone grey
With trials and sorrows,
And the sun of my 50 years
Is going down under the clouds,
My mind is filled
With too much desire
that I might see the Isle of Skye
of the elements and the mist.*

A' Chraobh le Catrìona NicGumaraid

*Look at the tree in spring:
remember the love that deceived me,
foliage breaks in my sight,
a promise of love that would be important
to me.*

An Lìon le Maoilios Caimbeul

*I am a net.
Throw me into the deep
where I'll cunningly stay
to take home fish.*

2.

A' Bhàrdachd Bhòidheach | The Pretty Poetry

Sgrìobh  - Cuir na seantansan seo dhan Ghàidhlig.

1. Did you hear the sound of the large black bell last night?

2. The family would really like to listen to the sound of the large black bell.

3. I saw a boy listening to the large black bell the other night.

4. They are after hearing the large black bell at midday.

5. The farmer noticed a bad wound on the neck of the small brown cow.

6. I must watch the small brown cow walking on the moor.

7. Did the small brown cow walk back to the barn in the evening?

3.

Somhairle MacGill-Eain | Sorley MacLean

Èist 🎧 - Seo an dàn **Hallaig** a chluinnear air **Tobar an Dualchais** air a chlàradh le **Sgoil Eòlais na h-Alba** (Ref. SA1974.174.A5) - www.tobarandualchais.co.uk/track/44090

Hallaig

'Tha tìm, am fiadh, an coille Hallaig'

*Tha bùird is tàirnean air an uinneig
trom faca mi an Àird an Iar*

*'s tha mo ghaol aig Allt Hallaig
na craoibh bheithe, 's bha i riamh*

*eadar an t-Inbhir 's Poll a' Bhainne,
thall 's a bhos mu Bhaile Chùirn:*

*tha i na beithe, na calltainn,
na caorann dhìrich sheang ùir.*

*Ann an Sgreapadal mo chinnidh,
far robh Tarmad 's Eachann Mòr,
tha 'n nigheanan 's am mic nan coille
a' gabhail suas ri taobh an lòin.*

*Uaibhreach a-nochd na coilich ghiuthais
a' gairm air mullach Cnoc an Rà,
dìreach an druim ris a' ghealaich –
chan iadsan coille mo ghràidh.*

*Fuirichidh mi ris a' bheithe
gus an tig i mach an Càrn,
gus am bi am bearradh uile
o Bheinn na Lice fa sgàil.*

*Mura tig 's ann theàrnas mi a Hallaig
a dh'ionnsaigh sàbaid nam marbh,
far a bheil an sluagh a' tathaich,
gach aon ghinealach a dh'fhalbh.*

*Tha iad fhathast ann a Hallaig,
Clann Ghill-Eain 's Clann MhicLeòid,
na bh' ann ri linn Mhic Ghille Chaluim:
chunnacas na mairbh beò.*

*Na fir nan laighe air an lèanaig
aig ceann gach taighe a bh' ann,
na h-igheanan nan coille bheithe,
dìreach an druim, crom an ceann.*

*Eadar an Leac is na Feàrnaibh
tha 'n rathad mòr fo chòinnich chiùin,
's na h-igheanan nam badan sàmhach
a' dol a Chlachan mar o thùs.*

*Agus a' tilleadh às a' Chlachan,
à Suidhisnis 's à tir nam beò;
a chuile tè òg uallach
gun bhristeadh cridhe an sgeòil.*

*O Allt na Feàrnaibh gus an fhaoilinn
tha soilleir an dìomhaireachd nam beann
chan eil ach coitheanal nan nighean
a' cumail na coiseachd gun cheann.*

*A' tilleadh a Hallaig anns an fheasgar,
anns a' chamhanaich bhalbh bheò,
a' lìonadh nan leathadan casa,
an gàireachdaich nam chluais na ceò,*

*'s am bòidhche na sgleò air mo chridhe
mun tig an ciaradh air na caoil,
's nuair theàrnas grian air cùl Dhùn Cana
thig peilear dian à gunna Ghaoil;*

*'s buailear am fiadh a tha na thuaineal
a' snòtach nan làraichean feòir;
thig reothadh air a shùil sa choille:
chan fhaighear lorg air fhuil rim bheò.*

1 - Bàrdachd | Poetry

Laoidh na Maidne le Sìleas na Ceapaich

*Taing dhuit, a Dhia, chionn do ghibhtean,
On a tha mi nis air dùsgadh;
Thug do ghràs dhomh tàmh is cadal,
'S inntrig sa mhadainn às ùr orm.*

Eilean a' Cheò le Màiri Mhòr nan Òran

*Ged tha mo cheann air liathadh
Le deuchainnean is bròn,
Is grian mo leth cheud bliadhna
A' dol sìos fo na neòil,
Tha m' aigne air a lìonadh
Le iarrtas ro mhòr
Gum faicinn Eilean Sgiathach
Nan siantannan 's a' Cheò.*

A' Chraobh le Catrìona NicGumaraid

*Coimhead air a' chraobh as t-earrach:
cuimhnich air a' ghaol a mheall mi,
briseadh duilleach na mo shealladh,
gealladh gaol bhiodh mòr air m' aire.*

An Lìon le Maoilios Caimbeul

*'S e lìon a th' annam.
Tilg mi dhan doimhneachd
far am mi gu seòlta
ri iasg a thoirt dhachaigh.*

2 - A' Bhàrdachd Bhòidheach | The Pretty Poetry

1. An cuala tu fuaim a' chluig mhòir dhuibh a-raoir?
2. B' fhìor thoil leis an teaghlach èisteachd ri fuaim a' chluig mhòir dhuibh.
3. Chunnaic mi gille ag èisteachd ris a' chlag mhòr dhubh an oidhche roimhe.
4. Tha iad às dèidh an clag mòr dubh a chluinntinn aig meadhan-latha.
5. Mhothaich an tuathanach leòn dona air amhaich na bà bige duinne.
6. Feumaidh mi coimhead air a' bhò bhig dhuinn a' coiseachd air a' mhonadh.
7. An do choisich a' bhò bheag dhonn air ais dhan bhathaich feasgar?

3 - Somhairle MacGill-Eain | Sorley MacLean

- Le taing mhòr do theaghlach Shomhairle MhicGillEathain airson cead gus tar-sgrìobhaidhean de na dàin 'Coin is Madaidhean-allaidh' is 'Hallaig' a chur sa chùrsa seo.